


A' BHEINN ÒIR BEAG-FHACLAIR



IAIN MAC A' GHOBHAINN



(air ath-fhoillseachadh le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig)

CAIBIDEIL 1

siorraidh	neach a tha a' cumail na sìthe, mar oifigear poilis
ceàrdach	an t-àite sam bith gobha ag obair, mar eisimpleir air cruidean-eich
fear-adhlacaidh	an neach a chuireas tiodhlacadh (adhlacadh) air dòigh nuair a tha bàs ann
gliong	fuaim a nì òrd a tha a' bualadh air meatailt
ùpraid	aimhreit mhòr, is daoine a' dol a-mach air a chèile
crios	bann leathair sa bheil àite airson gunna, a cheanglas tu mud mheadhan
seansa	cothrom
air tòir	a' sireadh, às dèidh
maoidh (mhaoidh, a' maoidheadh)	thoir rabhadh gun dèan thu cron air cuideigin mura dèan e mar a thu ag iarraidh air

CAIBIDEIL 2

tarbh	beathach cruidd fireann
uchd	pàirt ded bhodhaig eadar d' amhaich agus do mheadhan
dìomhain	gun a bhith a' dèanamh càil; gun adhbhar; gun fheum; leisg
marag	an seo, biadh milis air chumadh cruinn
tairg (thairg, a' tairgsinn)	tabhainn; faighnich a bheil neach ag iarraidh rud
smiogaid	am pàirt às ìsle ded aodann, fod bheul
faileasach	gleansach
fearann	talamh
fianaisean	daoine a chì rudeigin a' tachairt
luasganach	a' gluasad mun cuairt tòrr; an-fhoiseil
easgann	iasg fada, caol coltach ri nathair
cop	tòrr mòr de bhuilgeanan beaga air uachdar lionn; cobhar
an-fhoiseil	gun a bhith socair
uibhir	àireamh mhòr; meud mòr

CAIBIDEIL 3

cliathaich

taobh cuideigin no rudeigin

cuinnleanan

na fuasglaidhean nad shròin

deas

deiseil; mothachail

theab

cha mhòr nach

goirseachadh

droch fhaireachdainn a bheir crith ort

truas

co-fhaireachdainn ri duine a th' ann an càs no droch staid; iochd

spìon (spìonadh)

slaod gu làidir gus an ceangal a tha a' cumail rud a bhriseadh

a' piocadh

a' togail pìos beag à rud; a' criomadh

dìcheall

obair chruaidh; oidhirp mhòr

a' gairm

a' leigeil èigh; a' glaothaich

ag aithris

a' labhairt fhaclan, can ann an dàn no bàrdachd

CAIBIDEIL 4

fuath

faireachdainn a th' agad nuair nach toigh leat neach no rud idir; gràin

adhhlacadh

tiodhhlacadh; neach marbh ga chur fon talamh

smid

aon phìos de dh'fhacal

snothart gàire

gàire a nì thu trod shròin nuair a tha a' magadh air neach

amharas

droch fhaireachdainn air sgàth teagamh a th' ort mu rudeigin

chan eil rian

chan eil teagamh

a' marcachd

a' siubhal air muin eich

ionnsaigh

oidhirp gus cron a dhèanamh air cuideigin

fillte

an sàs ann an rudeigin

gràin

faireachdainn a th' agad nuair nach toigh leat neach no rud idir; fuath

's math dh'fhaoidte

's dòcha

tarraing

thoir a-mach do ghunna agus loisg air cuideigin

CAIBIDEIL 5

ceartas	dòigh chothromach air dèiligeadh ri daoine agus suidheachaidhean; cothromachd
boltradh	fàileadh cùbhraidh, brèagha
gealtair	neach nach eil calma no gaisgeil, a tha buailteach eagal a ghabhail agus teicheadh bho chunnart
dreuchd	an obair a th' aig neach
dìobhairt	a bhith a' cur a-mach tro do bheul biadh is eile a tha nad stamaig
a' cladhach	a' briseadh suas ùir no creag le inneal mar spaid no pioc
cuthach	staid sa bheil neach às a rian; fearg
a' gabhail brath	a' cleachdadh cuideigin eile gus rud a tha thu fhèin ag iarraidh fhaighinn
diathad	dinnear
neo-chiontach	gun a bhith ciontach; gun a bhith air droch rud a dhèanamh
cuilbheart	sgeama nach eil fìor no a tha a' feuchainn ri char a thoirt à duine
sin bu choireach	sin an t-adhbhar
a-rèist	ma-thà
dìon	cùm cuideigin no rudeigin sàbhailte
dleastanas	gnìomh a bu chòir dhut a dhèanamh

CAIBIDEIL 6

a' caitheamh	a' cleachdadh
a' diùltadh	ag ràdh nach dèan thu rud
saighdean	maidean le ceann biorach a bhios daoine a' tilgeil le bogha
a' bòcadh	ag at; a' fàs nas motha
còraichean	ceartas; rud air a bheil thu airidh
cnag na cùise	an rud as cudromaiche sa ghnòthach

CAIBIDEIL 7

daingeann

làidir; teann

gaisgeil

calma; gun eagal; deònach seasamh ri cunnart

gasta

còir, coibhneil

a' fighe

a' dèanamh rud, mar eisimpleir geansaidh, le dà bhior agus snàth

uaigh

àite sa bheil corp air a thiodhlacadh

CAIBIDEIL 8

sèimh

sàmhach agus ciùin

na thàmh

gun a bhith a' dèanamh dad

ìomhaigh

dealbh no coltas de rud, mar snaigheadh cloiche

theàrn

chaidh sìos

crudha

lùb iarainn air chumadh 'U' air ladhar eich

CAIBIDEIL 9

slacaid

buille chruaidh a nì thu le òrd mòr

CAIBIDEIL 10

an-ìochdmhor

gun truas idir; nach seall tròcair do neach

cath

sabaid; blàr; strì

air an aire

nam beachd; nan inntinn

bho thùs

bhon toiseach

CAIBIDEIL 11

gam nàrachadh

gam mhaslachadh; a' cur nàire orm

cuip

stiall de leathar gus each no beathach eile a bhualadh

lapach

lag, gu sònraichte a thaobh comas labhairt

a' ghriùlach

tinneas gabhaltach san nochd spotan beaga dearga air do chraiceann

tàmailteach

air a nàrachadh

mac-talla

fuaim a thig air ais thugad, mar a thachras nuair a bhuaileas fuaim air aghaidh chruaidh leithid balla no creig

atharraichte

diofraichte, eadar-dhealaichte

gu cùramach

gu faiceallach; le deagh aire

eireachdail

air a bheil coltas snog no brèagha

CAIBIDEIL 12

fiabhras

teòthachd ro àrd nad bhodhaig as urrainn buaidh a thoirt air mar a tha thu a' smaoinichadh

ceannsachadh

smachd

miannach

le iarraidh mhòr air rud

àile

èadhar

sanntach

làn sannt; ag iarraidh barrachd is barrachd de rud

fear-brathaidh

neach a tha còmhla ri aon bhuidheann ach a' faighinn a-mach rudan a chuidicheas buidheann eile ris a bheil iad a' strì

aidich (dh'aidich)

gabh ris gu bheil rud fìor

tàirneanach

fuaim mòr cruaidh a leanas dealanach

gaoir

crith; pian

ruaig (ruagadh)

thoir air neach teicheadh

CAIBIDEIL 13

rùn	rudeigin a tha thu ag iarraidh a dhèanamh
blàthan	flùraichean, dìtheanan
iarrtas	tha neach a nì iarrtas ag iarraidh rud air neach eile
meas	spèis; beachd math a th' agad air neach eile
dàna	bragail; gun eagal
ioma-ghaoth	gaoth làidir a tha mar funail

CAIBIDEIL 14

brùchd (brùchdadh)	thig le neart, gun rabhadh
giorrad analach	staid anns am bi thu a' tarraing anail gu luath, an dèidh dhut a bhith a' ruith 's dòcha
truaghan	fireannach bochd
casg	ma tha casg ort rud a dhèanamh, chan eil cead agad a dhèanamh no chaidh a ràdh riut gun a dhèanamh
dèidheil	measail; ma tha thu dèidheil air neach no rud 's toigh leat gu mòr e
cuimsich (a' cuimseachadh)	feuch ri rud a bhualadh le saighead, peilear no eile
creach	beathach a tha air a shealg le beathach eile airson biadh
innleachdail	comasach air smaoineachadh air plana fillte, uaireannan cealgach

CAIBIDEIL 15

maitheanas

nuair a bheir thu maitheanas do neach, tha thu a' sgur a bhith feargach riutha mu dhroch rud a rinn iad

nimheil

cruaidh, neo-choibhneil

earbsa

ma tha earbsa agad ann an neach tha thu a' creidsinn an rud a tha iad ag ràdh

cuibhreann

cuid; an roinn a th' agad de rud

iomchaidh

freagarrach no ceart

cleith (chleith)

cùm rud am falach; na inns mu rud a tha air tachairt

CAIBIDEIL 16

farchluais

ag èisteachd gun fhiosta ris na tha daoine ag ràdh

fiamh an iongnaidh

coltas air aodann neach a tha a' sealltainn nach robh dùil aige ris na thachair

seangain

meanbh-bhiastagan air nach eil, mar as trice, sgiathan